

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



\*Please scroll down for English Version\*

## Bòrd na Gàidhlig a' fastadh Leasaiche Foghlaim agus Ionnsachadh

Tha Bòrd na Gàidhlig air Màiri Nic Ille Mhaoil fhastadh mar Leasaiche Foghlaim agus Ionnsachaidh, dreuchd cho cudromach 's a tha ri fhaighinn ann am foghlam Gàidhlig. Buinidh Mairi do dh' Uibhist a Deas agus tha i air a bhith na h-oifigear Leasachaidean Gàidhlig aig Ionnsachadh agus Teagasc na h-Alba (LTS Alba) bho Ghiblean 2009.

Bidh Mairi a' tùiseachadh san dreuchd air 22 Samhain agus a' stiùireadh poileasaidh agus sgioba foghlaim a' Bhùird, a' comhairleachadh an Riaghaltais agus ag obair còmhla ri ùghdarrasan ionadail agus buidhnean-lìbhrigidh eile airson amasan a' Bhùird a thaobh foghlam a choileanadh. Bidh i a' leantainn Rosemary Nic a' Bhàird a dh'fhàg am Bòrd airson a dhol gu dreuchd eile aig Comhairle nan Leabhraichean.

Thuirt Iain Aonghas MacAoidh, Ceannard a' Bhùird: "Tha fhios againn uile cho deatamach sa tha an dreuchd seo ann an saoghal an fhoghlaim agus cha bheag an dùblain a tha romhainn an-dràsta. Tha an dreuchd seo fior dheatamach agus aig cridhe ar clàr-obrach. Bidh Màiri a' stiùireadh sgioba foghlaim a chaidh a neartachadh bho chionn ghoirid ach an tèid againn air na chuir sinn romhainn fhèin anns a' chlàr Ginealach Ùr na Gàidhlig a thoirt gu buil, eadar a bhith a' treòrachadh agus a' misneachadh phàrantan agus ag obair còmhla ri na buidhnean taobh a-muigh a' Bhùird a tha cho cudromach do choimhairsnachd na Gàidhlig. Tha foghlam san dachaigh, sa choimhairsnachd agus anns na sgoiltean feadh na dùthcha na phrìomh obair againn agus bha sinn a' sireadh neach a bhiodh dealasach, dèanadach agus fior eòlach air na cothroman agus dùblain a tha romhainn."

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



Thuirt Màiri gur e fear de na prìomh ghnothaichean a bhiodh roimhpe, togail air earann mhath dhen obair a bha i a' dùeanamh aig LTS. Thuirt i: "Tha mi gu math mothachail gum feumar dàimhean làidir a' stèidheachadh aig ère nàiseanta le buidhnean a tha an sàs ann an leasachadh foghlam Gàidhlig agus gu h-eadar-nàiseanta a thaobh leasachadh mion-chànanan, ach gu seachd airidh tha e romham a bhith a' misneachadh phàrrantan gu bhith a' cleachdadadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Tha ceanglaichean rin dùeanamh ri Ginealach Ùr na Gàidhlig agus Plana Nàiseanta na Gàidhlig ann a bhith a' dealbhadh agus a' cur an gnìomh plana gach buidheann eile tha an sàs ann an leasachadh na Gàidhlig. Agus tha e flor chudromach gum bi sinn ag obair còmhla ri na h-ùghdarrasan ionadail cho dlùth 's a ghabhas san àm ri teachd gus am faigh sinn a' bhuannachd as fheàrr a ghabhas a leasachaidhean an lùib Curaicealam airson Sàr Mhathais."

Tha eòlas gu math farsainn aig Màiri Nic Ille Mhaoil ann an saoghal an fhoghlaim an dèidh a bhith ag obair an diofar raointean agus sgìrean dhen dùthaich eadar feumalachdan sònraichte ann an Kent an Sasainn, sgoiltean Àraich an Astràilia agus còmhla ri ùghdarrasan ionadail Earra-Ghàidheil is Bhòid, Obair Dheathain agus nan Eilean Siar anns an dùthaich seo fhèin. Bha i na Prìomh Neach Teagaisg ann am Bun-sgoil Chondobhrait ann an Lannraig a Tuath mas deach i a dh'obair aig LTS.

Chaidh Màiri a thaghadh ann dèidh agallamhan a rinn am Bòrd le dithis a bha air cur a-steach son dreuchd an Leasaiche.

A' chrìoch

Tha dealbh de Mhàiri an lùib an t-sanais seo. Airson tuilleadh fiosrachaидh mun naidheachd seo, cuiribh fios gu Iain Aonghas MacAoidh, Ceannard, Bòrd na Gàidhlig air 01463 225454.

**26/10/10**

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



## Bòrd na Gàidhlig appoints new Education and Learning Director

Bòrd na Gàidhlig has appointed Mairi MacMillan as the organisation's new Education and Learning Director, one of the most important positions in Gaelic education. Mairi, who has been working with Learning and Teaching Scotland (LTS) since April 2009, is from South Uist. She will take up her new post with the Bòrd on 22 November.

Mairi will lead the team delivering the Bòrd's education policy, advise the Scottish Government on Gaelic education and work with local authorities and other delivery agents to achieve the Bòrd's aspirations. She succeeds Rosemary Ward, who left the Bòrd at the start of the summer, to take up a new post with Comhairle nan Leabhrac.

John Angus MacKay, Ceannard (Chief Executive) of Bòrd na Gàidhlig, said: "We all know how important this post is in terms of Gaelic education and there are many challenges ahead. This post and the delivery of our aims and objectives are critical to the overall strategic work the Bòrd is pursuing and it lies at the heart of all our activities. Mairi will be leading a team which has been strengthened recently so that it can enable the delivery of the aspirations outlined in our action plan *Ginealach Ùr na Gàidhlig* (Creating a new generation of Gaelic speakers), whether that be by encouraging and supporting parents, or working with other agencies and delivery organisations in all the activities which are so important throughout the Gaelic community. The home environment and how this contributes to our efforts developing formal education delivery mechanisms is fundamental to our overall aim of increasing the number of Gaelic speakers. We were looking for an individual who be energetic and enthusiastic and Mairi is ideally suited to enable, develop and deliver our plans."

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



Mairi has stated that one of her key aims is to build on her experience working with LTS Scotland. “I am fully aware of the need to build effective and sustainable relationships at a local and national level with all the organisations involved in delivering education and other Gaelic activities, and also the need to extend our reach internationally, linking up with other minorities. Crucially, however, I will be seeking to develop our support mechanisms for parents to encourage and enable them to make the most of the opportunities which are available through Gaelic education. There are linkages to be built up between Ginealach Ùr na Gàidhlig and the National Plan for Gaelic, to support the activities of all the other bodies involved in the direction of travel the Bòrd seeks, and also to help organisations building and delivering their own Gaelic Plans. Local authorities and the Higher Education sector are also key delivery agents and I will be working closely with them to maximise the opportunities which are available through the Curriculum for Excellence changes.”

Mairi MacMillan is an experienced educationalist having worked in a wide range of fields in a number of challenging environments. She has worked in Special Needs in Kent, pre-school delivery in Australia and with a number of local authorities throughout Scotland including Argyll and Bute, Comhairle nan Eilean Siar and Aberdeen. She was a Principal Teacher in Condorrat Primary School in North Lanarkshire before taking up her position with LTS Scotland.

Mairi was appointed to her new post with Bòrd na Gàidhlig following a selection process which culminated with interviews with two candidates who had applied for the position.

Ends

A photograph of Mairi MacMillan is attached to this News Release. For further information on any of the contents of this News release, please contact John Angus MacKay, Ceannard, Bòrd na Gàidhlig, on 01463 225454.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**Issued: 26/10/10**